



Leasachadh Sgioba-obrach Òg na h-Alba Inbhe Foghlam Dhreuchdan (3-18)

An t-Sultain 2015

Tha an inbhe a' tuigsinn nan slighean sa bheil clann agus daoine òga a' com-pàirteachadh fhad 's a tha iad ag ionnsachadh mun t-saoghal obrach bho na tràth-bhliadhnaichean gu an ìre as àirde. Tha i a' mìneachadh na dh'ionnsaicheas clann agus daoine òga agus na bhios pàrantan/luchd-cùraim, tidsearan/luchd-cleachdaidh, luchd-fastaidh agus Leasachadh Sgìlean Alba a' dèanamh gus taic a chur ri an cuid ionnsachaidh. Bheir buileachadh air an inbhe feabhas air càileachd agus cunbhalachd ionnsachadh mu obair agus cùrsaichean-dreuchd. Leasaichidh e comas dhaoine òga air co-dhùnaidhean fiosraichte a dhèanamh mu shlighean air adhart san àm ri teachd.

Tha an sgrìobhainn seo cuideachd ri fhaighinn air ar làrach-lìn aig:

<https://education.gov.scot/scottish-education-system/policy-for-scottish-education/policy-drivers/Developing%20the%20Young%20Workforce>

Tha an inbhe seo mar phàirt den raon de sgrìobhainnean anns a bheil:

- Inbhe Ghreisean Gnìomhachais (An t-Sultain 2015)
- Stiùireadh air Com-pàirteachasan Sgoile/Luchd-fastaidh (An t-Sultain 2015)

Thèid ath-choimhead ris na sgrìobhainnean sa Mhàrt 2017 a thaobh eòlas agus cleachdadh.

Clàr-innse

| | |
|--|----|
| Ro-ràdh | 4 |
| Inbhe foghlam dhreuchdan (3-18) ann an co-theacsa..... | 6 |
| Foghlam dhreuchdan – slighean | 8 |
| Còraichean agus dùilean..... | 9 |
| Co-ionannachdan | 9 |
| Còraichean | 9 |
| Clann agus daoine òga | 10 |
| Dùilean | 11 |
| Pàrantan/Luchd-cùraim..... | 11 |
| Tidsearan/Luchd-cleachdaidh | 11 |
| Leasachadh Sgìlean Alba | 13 |
| Luchd-fastaidh | 14 |
| Stiùireadh agus taic..... | 15 |
| Beag-fhaclair de theirmean..... | 16 |
| Eàrr-ràdh 1: Aithrisean ‘Is urrainn dhomh’ | 17 |



Ro-ràdh

Chaidh an Coimisean airson Leasachadh Sgioba-obrach Òg na h-Alba a chur air bhonn san Fhaoilleach 2013, airson beachdachadh air:

- mar as urrainnear siostam trèanaidh is foghlaim dreuchdail àrd-chàileachdail aig ìre eadar-mheadhanach, a bhios coileantach leis an t-siostam foghlaim aig ìre chruinneil a tha againn, a leasachadh gus fàs eaconamach seasmhach a neartachadh le sgioba-obrach sgileil;
- mar a choileanar comas air ceangal agus co-obrachadh nas fheàrr eadar foghlam agus an saoghal obrach gus a dhèanamh cinnteach gu bheil daoine òga aig gach ìre foghlaim a' tuigsinn dùilean luchd-fastaidh, agus gu bheil luchd-fastaidh an sàs gu h-iomlan;
- mar a choileanar cultar de fhìor chom-pàirteachas eadar luchd-fastaidh agus foghlam, far a bheil luchd-fastaidh gam faicinn fhèin mar cho-luchd-tasgaidh agus co-dheilbhichean, seach dìreach mar luchd-ceannach.

Dh'fhoillsich an Coimisean an aithisg dheireannach aca, *Foghlam Ag Obair Do Na h-Uile*, san Ògmhios 2014 agus, gus clann agus daoine òga ullachadh nas fheàrr mu choinneamh an t-saoghail obrach, rinn iad am moladh a leanas:

Bu chòir do fhòcas air ullachadh dhaoine òga airson cosnadh a bhith na bhun-eileamaid ann am buileachadh a' Churraicealaim airson Sàr-mhathais, le stòras iomchaidh ga shònrachadh gus seo a choileanadh. Bu chòir gu h-àraidh ùghdarrasan ionadail, Leasachadh Sgilean Alba agus buidhnean riochdachaidh luchd-fastaidh obrachadh còmhla gus inbhe nas ioma-chuimsiche a thaobh stiùireadh dhreuchdan a leasachadh, a bhiodh a' nochdadh cur-a-steach le luchd-fastaidh a thuilleadh air an dleastanas agus in-chur. (Foghlam Ag Obair Do Na h-Uile, 2014, d. 22)

Chaidh [Leasachadh an Sgioba-obrach Òg – Ro-innleachd Cosnadh Òigridh na h-Alba](#) fhoillseachadh san Dùbhlachd 2014. Tha an ro-innleachd agus am plana buileachaidh seo mar fhreagairt an Riaghaltais do [Foghlam Ag Obair Do Na h-Uile!](#) agus a' mineachadh chlachan-mìle thar ùine de sheachd bliadhna leis an amas air builean a leasachadh do dhaoine òga uile ro 2021. Am measg chlachan-mìle a tha co-cheangailte gu dìreach le leasachadh air inbhe foghlam dhreuchdan airson 2015/16, tha:

- gu bheil inbhe aontaichte airson stiùireadh dhreuchdan do dhaoine òga uile, a' gabhail a-steach iadsan aig a bheil feum air cuideachadh is taic a bharrachd, air a chur air bhonn;
- stiùireadh agus taic air a leasachadh le Foghlam Alba agus Leasachadh Sgilean Alba do thidsearan agus luchd-cleachdaidh, airson taic a thoirt do dhaoine òga ann an ÀS3 ann an ionnsachadh mu lorg, tagradh agus faighinn obair;
- stiùireadh agus taic air a leasachadh le Foghlam Alba agus Leasachadh Sgilean Alba do thidsearan agus luchd-cleachdaidh mun t-saoghal obrach, ag amas air aoisean 3-18; agus
- conaltradh le daoine òga, tidsearan agus luchd-cleachdaidh, pàrantan/luchd-cùraim agus luchd-fastaidh gus a bhith gnìomhach ann an adhartachadh an raoin de roghainnean a tha ri fhaotainn.

Inbhe foghlam dhreuchdan (3-18) ann an co-theacsa

Tha Ministearan na h-Alba dealasach a thaobh seirbheis dhreuchdan coitcheann àrd-chàileachdail a sholarachadh do dhaoine òga ann an Alba ge 'r bith dè an aois no an ìre. Tha *Inbhe Foghlam Dhreuchdan (3-18)* air a leasachadh mar thoradh air a' mholadh a thaobh comhairle agus stiùireadh dhreuchdan a thòiseachadh nas tràithe ann an sgoiltean. Cuidichidh seo daoine òga le an comasan a thuigsinn agus am miannan a leasachadh gus taghaidhean ionnsachaidh is dhreuchdan fiosraichte a dhèanamh mar a bhios iad a' dol air adhart tro an slighean ionnsachaidh.

Tha *Inbhe Foghlam Dhreuchdan (3-18)* mar aon de shreath de thrì sgrìobhainnean còmhla ri *Inbhe Ghreisean Gnìomhachais agus Stiùireadh air Com-pàirteachasan Sgoile/Luchd-fastaidh*, agus bu chòir am faicinn mar a bhith a' soilleireachadh dhùilean agus solarachadh taic is stiùireadh feumail. Tha an inbhe air a togail air a' chomhairle agus an stiùireadh ioma-chuimseach a tha air an taisbeanadh anns a' *Churraicealam airson Sàr-mhathais* (CfE) agus tro shreath *Togail a' Churraicealaim*. Tha i air a deilbh gus còraichean a' *Churraicealaim airson Sàr-mhathais* a choileanadh. Tha co-cheangal gu h-àraidh làidir aice leis na prìomh theachdaireachdan a tha ann an [Togail a' Churraicealaim 4: sgilean ionnsachaidh, sgilean beatha agus sgilean obrach.](#)

Tha an inbhe a' gabhail ris agus a' togail air an deagh chleachdadh a tha am follais ann am mòran phàirtean de dh'Alba. Ann a bhith a' dèanamh sin, tha i a' tuigsinn na h-obrach a thathar a' dèanamh mar-thà agus a' sireadh ri biùrocrasaidh neo-riatanach agus toinnteachd sam bith co-cheangailte ris an obair sin a lùghdachadh far an gabh sin a dhèanamh, agus dèiligeadh le draghan sam bith mun uallach obrach tro sholarachadh air taic agus stòras. Bidh an dòigh san tèid an inbhe a bhuileachadh air a dhearbhadh, mar eisimpleir, le planadh leasachaidh sgoile, na h-aontaidhean com-pàirteachas sgoile le Leasachadh Sgilean Alba agus còmhraidhean taobh a-staigh Buidhnean Roinneil DYW.

Dìreach mar a tha an *Curraicealam airson Sàr-mhathais* a' cur an neach-ionnsachaidh sa mheadhan, tha an inbhe seo a' brosnachadh an aon mhodh-obrach agus co-dhàimh dìreach le smaoineachadh agus cleachdaidhean [Ga Fhaighinn Ceart Do Gach Pàiste.](#) Le bhith ag obair san dòigh seo, thathar a' gabhail cunntas air a' phàiste iomlan agus a s(h)unnd. Tha an *Curraicealam airson Sàr-mhathais* ag amas air cinn-uidhe dheimhinneach agus sheasmhach a choileanadh do ar daoine òga uile. Tha an inbhe seo a' cur taic ris a' chòir sin agus aig deireadh gnothaich a' sireadh ri dìth-cosnaidh òigridh a lùghdachadh mar phàirt de *Leasachadh an Sgioba-obrach Òg*.

Tha an inbhe a' tuigsinn còraichean chloinne. Ann an da-rìribh, tha grunn Artaigilean de [Cùmhnantan nan Nàiseanan Aonaichte air Còraichean Chloinne](#) buntainneach agus tha na h-eòlasan ionnsachaidh a tha gan tabhann a thaobh cuideachadh le clann agus daoine òga ullachadh don t-saoghal obrach, ag adhartachadh cleachdadh stèidhichte air còraichean. Bidh slighe dhreuchdail gach neach fa leth fo bhuaidh ionnsachadh, eòlasan, comhairle agus stiùireadh foirmeil agus neo-fhoirmeil. Bu chòir don inbhe seo ar comasachadh air faireachdainn coitcheann de dh'adhbhar a chruthachadh am measg gach neach a tha a' cur taic ri leasachadh pearsanta is dreuchdail dhaoine òga.

Tha an inbhe a' tuigsinn agus a' nochdadh [Fiosrachadh, Comhairle agus Stiùireadh Dhreuchdan ann an Alba: Frèam-obrach airson ath-dheilbh is leasachadh seirbheis](#)

(2011) agus **Frèam-obrach Sgilean Stiùiridh Dhreuchdan airson Alba (2012)** a tha a' cur cuideam air comasachadh dhaoine fa leth gus iad fhèin a chuideachadh le bhith a' leasachadh sgilean stiùiridh dhreuchdan, agus mar sin gan uidheamachadh gu an inbhe a choileanadh, a tha a-nis air a mineachadh san sgrìobhann seo.


Mar gheàrr-iomradh, bidh clann agus daoine òga comasach air an taic uile a tha ri fhaotainn a chleachdadh bho stòras air-loidhne agus stòrasan eile agus bho luchd-obrach proifeiseanta, ann an dòigh a tha a' coileanadh am feumalachdan. Bidh tuigse nas fheàrr aca don mhargaidh obrach agus mar as urrainn dhaibh an neartan a leasachadh gu bhith soirbheachail ann an leasachadh an dreuchdan. Thèid an glòir-mhiann do chlann agus do dhaoine òga a tha mìnichte san inbhe seo a choileanadh tro obair com-pàirteachais a tha fìor agus èifeachdach eadar pàrantan/luchd-cùraim, ùghdarrasan ionadail, tidsearan/luchd-cleachdaidh, Leasachadh Sgilean Alba (SDS), luchd-fastaidh agus càch.

'Tha an Curraicealam airson Sàr-mhathais air a dheilbh gu foghlam ann an Alba a chruth-atharrachadh, a' leantainn gu builean nas fheàrr do chlann agus do dhaoine òga uile. Tha e a' dèanamh seo le bhith gan solarachadh leis an eòlas, sgilean agus buadhan air a bheil feum aca airson soirbheachadh ann an comann-sòisealta agus eaconamaidh nuadh-aimsireil, a' suidheachadh bunait airson leasachadh sgilean tro bheatha gach neach fa leth. Tha solarachadh sgilean do neach fa leth a' cuideachadh gach neach fa leth gu an comas sòisealta agus inntleachdail a choileanadh agus na bhuannachd do dh'eaconamaidh farsaing na h-Alba.'
(Togail a' Churraicealaim 4, 2009, d. 4)



Foghlam dhreuchdan – slighean

Tha *Inbhe Foghlam Dhreuchdan* a' tuigsinn nan slighean a tha clann agus daoine òga a' gabhail fhad 's a tha iad a' dol air adhart bho aois 3-18 agus an comas is dleastanas aig prìomh luchd-buaidh anns na slighean sin. Tha i a' tuigsinn nach bi daoine òga uile ag adhartachadh san dòigh cheudna agus nach bi iad uile a' cothachadh ris na h-aon dùbhlain agus gum bi feum aca air taic agus eadar-theachdan iomchaidh mar a bhios riatanach.



Còraichean agus dùilean

Tha còraichean chloinne agus dhaoine òga agus dùilean an fheadhainn as dlùithe do bhith an sàs ann an cur taic ri an ionnsachadh mun t-saoghal obrach agus na roghainnean a nì iad mu an cuid ionnsachaidh is comas slighean dreuchdail, air am mìneachadh an seo. Bu chòir do na còraichean agus na dùilean co-leanailteas agus cunbhalachd a cheadachadh ann an tabhartasan gach com-pàirtiche a tha an sàs. Tha dùilean air an aithris gu soilleir do na buidhnean a leanas:

- pàrantan agus luchd-cùraim;
- tidsearan agus luchd-cleachdaidh (iadsan uile a tha ag obair le clann agus daoine òga anns an raon iomlan de dh'ìrean agus suidheachaidhean);
- luchd-obrach bho Leasachadh Sgilean Alba (SDS); agus
- luchd-fastaidh.

Co-ionannachdan

Is e dleastanas nan com-pàirtichean uile dèiligeadh le cùis co-ionannachd. Ged a tha an inbhe seo air a libhrigeadh mar chòir choitcheann, feumaidh e a bhith soilleir nach eil daoine òga uile a' faotainn nam buannachdan ceudna, no a' dèiligeadh leis na dùbhlain cheudna. Chan fhaod an cùl-raointean no an suidheachaidhean an comas a chuibhreachadh aig àm sam bith, agus bidh com-pàirtichean uile a' sireadh ri cleachdadh a leasachadh a bhios a' dèanamh cinnteach à feabhas air builean do dhaoine òga uile.

Bu chòir do gach neach a tha an sàs ann am foghlam dhreuchdan comhairle, stiùireadh agus cothroman a sholarachadh, a tha a' cur ri:

- cur às do leth-bhreith; agus
- adhartachadh spèis do chàch a chèile agus co-ionannachd cothroim tarsainn ghnèithean, cùl-raointean sòisealta, ciorraman, cinnidheachdan, claonadh gnèitheasach agus creideamhan.



Còraichean

Bidh clann agus daoine òga airidh air:

- eòlas a chur air curraicealam tro bheil iad ag ionnsachadh mun t-saoghal obrach agus mu chothroman air obair, agus a tha a' dèanamh nan neartan agus nan sgilean riatanach soilleir airson brath a ghabhail air na cothroman sin;
- sgilean a leasachadh airson ionnsachadh, beatha agus obair mar phàirt iomlan den fhoghlam aca agus a bhith soilleir mun dòigh sa bheil an coileanaidhean uile co-cheangailte riutha sin;
- cothroman gus a dhol an sàs ann an geàrr-thuairisgeuladh a tha a' cur taic ri ionnsachadh agus leasachadh air sgilean airson obair agus roghainnean dreuchdail san àm ri teachd;
- àrainneachd ionnsachaidh a tha ag aithneachadh agus ag adhartachadh iomadachd, agus a' cur taic riutha gus tuigsinn gur e dleastanas gach neach leth-bhreith a dhùbhlachadh;
- tuigse a leasachadh do na h-uallaichean is dleastanasan a tha air an cur air luchd-fastaidh agus cosnaichean;
- tuigse a leasachadh do dh'iomairt, tionnsgaineachd agus fèin-chosnadh mar chothrom cùrsa-dreuchd;
- a bhith eòlach air far an lorgar fiosrachadh agus cothrom air taic, a' toirt cleachdadh èifeachdach à stòran air-loidhne leithid *Mo Shaoghal Obrach*;
- sgilean stiùiridh cùrsa-dreuchd (CMS) a leasachadh mar phàirt iomlan den churraicealam aca;
- tuilleadh leasachaidh air CMS tro chonaltradh le Luchd-comhairle Dhreuchdan Leasachadh Sgilean Alba (SDS) ann an seiseanan buidhne agus fa leth mar a bhios iomchaidh do shuidheachadh pearsanta agus feumalachdan; agus
- cothrom air raon fharsaing de shlighean tro an ìre as àirde aca, a' gabhail a-steach cothroman ionnsachaidh a' leantainn gu teisteanasan co-cheangailte ri obair.



Dùilean

Bidh Pàrantan/Luchd-cùraim:

- ag obair ann an com-pàirteachas le sgoiltean/suidheachaidhean eile gus taic a chur ri foghlam dhreuchdan agus sgilean is eòlas a cho-roinn mar chosnaichean no luchd-fastaidh far a bheil sin iomchaidh;
- mar phrìomh luchd-buaidh, nas fiosraichte agus nas uidheamaichte airson roghainnean a dheasbad le am pàiste agus taic a thabhann ann an dèanamh roghainnean;
- air am fiosrachadh mu adhartas am pàiste a thaobh togail sgilean agus a' deasbad sin leis an tidsear/neach-cleachdaidh aca;
- a' deasbad amasan agus slighean ionnsachaidh iomchaidh am pàiste le tidsearan/luchd-cleachdaidh;
- comasach air deasbad iarraidh le Neach-comhairle Dhreuchdan agus am pàiste gus roghainnean cuspaireil agus dreuchdail fhiosrachadh;
- le cothrom air fiosrachadh dhreuchdan tro làraichean-lìn sònraichte, a' gabhail a-steach *Mo Shaoghal Obrach*; agus
- le cothrom air Neach-comhairle Dhreuchdan agus fiosrachadh air sgilean stiùiridh dhreuchdan (CMS) agus mar a chuireas iad taic ri am pàiste/neach òg gus roghainnean fiosraichte a dhèanamh mu shlighean dreuchdail an ama ri teachd.



Bidh Tidsearan/Luchd-cleachdaidh:

(A' gabhail a-steach luchd-obrach uile a tha ag obair le clann agus daoine òga ann an tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne, bun-sgoiltean, àrd-sgoiltean agus sgoiltean sònraichte, colaistean, solaraichean trèanaidh prìobhaideach, solaraichean treas roinne, obair shòisealta, ionnsachadh is leasachadh coimhearsnachd agus solaraichean ionnsachaidh speisealta eile a' gabhail a-steach suidheachaidhean tèarainte agus còmhnaidheach.)

- ag obair le raon de chom-pàirtichean a' gabhail a-steach pàrantan/luchd-cùraim, luchd-fastaidh agus luchd-cleachdaidh eile gus curraicealam pearsanaichte iomchaidh a dheilbh agus a libhrigeadh, a tha a' gabhail cunntas air:
 - feumalachdan fa leth chloinne agus dhaoine òga; agus
 - gan uidheamachadh ann an da-rìribh airson ionnsachadh, beatha agus obair ann an suidheachaidhean sam bith, a' gabhail a-steach colaistean agus solaraichean ionnsachaidh eile.
- conaltradh le clann agus daoine òga ann an deasbad bhrìoghmhor mu an leasachadh sgilean agus gan cuideachadh le profaidhleadh gus taic a chur ri an slighean dreuchdail;
- tro ionnsachadh proifeiseanta agus le cothrom air na stòrasan as ùire, a' leasachadh agus a' cumail suas mothachadh do na cothroman sa mhargaidh obrach agus na feartan is sgilean a tha a dhìth gus brath a ghabhail orra sin;
- co-cheangal eòlasan ionnsachaidh buntainneach agus leasachadh sgilean ris a' mhargaidh obrach agus cothroman cosnaidh, a' gabhail a-steach tionnsgaineachd agus fèin-chosnadh;
- leasachadh tuigse chloinne agus dhaoine òga do na h-uallaichean is dleastanasan a tha air an cur air cosnaichean agus luchd-fastaidh;
- a' toirt feum à stòrasan buntainneach didseatach agus air-loidhne, gu h-àraidh *Mo Shaoghal Obrach* (le taic trèanaidh);
- brosnachadh smaoineachadh ioma-dhòigheach ann an clann agus daoine òga gus beachdachadh air sealladh nas fharsaing a thaobh roghainnean cuspaireil is dreuchdail agus cothroman obrach;
- furastachadh ionnsachadh dhaoine òga agus an comas air dèiligeadh le suidheachadh a tha a' leasachadh gu luath a thaobh obair/dreuchd agus cothroman ionnsachaidh;
- leasachadh barrachd cheanglaichean le luchd-fastaidh, slighean ionnsachaidh stèidhichte air obair, greisean gnìomhachais agus taghadh farsaing de roghainnean anns an ìre foghlaim as àirde, le taic iomchaidh bho Bhuidhnean Roinneil DYW, Leasachadh Sgilean Alba (SDS) agus ùghdarrasan ionadail; agus
- gabhail cunntas air feumalachdan fa leth ann am planadh taic do chlann agus do dhaoine òga a thaobh fiosrachadh agus stiùireadh dhreuchdan (CIAG) agus a' tarraing air eòlas agus taic chom-pàirtichean mar a bhios iomchaidh.

Bidh Leasachadh Sgilean Alba:

- solarachadh cothrom do na h-uile air fiosrachadh mu obraichean, cosnaidhean agus a' mhargaidh obrach a tha a' tighinn am bàrr;
- ag aontachadh le sgoiltean gach bliadhna tro Aonta Com-pàirteachas Sgoiltean mar as fheàrr a ghabhas stòrasan SDS an cleachdadh airson freagairt air suidheachaidhean, neartan agus feumalachdan ionadail;
- furastachadh cheanglan eadar sgoiltean agus luchd-fastaidh far a bheil feum air an sin;
- leasachadh agus cur taic ri innealan air-loidhne mar chuideachadh do chlann agus do dhaoine òga, tidsearan agus luchd-cleachdaidh, pàrantan agus luchd-cùraim agus luchd-fastaidh;
- ag obair le luchd-cleachdaidh gus stòrasan agus stuthan taic eile a leasachadh;
- gu leantainneach a' leasachadh sgilean agus eòlas an luchd-obrach aca gu ìre àrd agus a' cur taic ri ionnsachadh proifeiseanta thidsearan agus luchd-cleachdaidh, mar as iomchaidh;
- tabhann taic dhìreach do sgoiltean tro chleachdadh air Luchd-comhairle Dhreuchdan aig àm eadar-ghluasad P7/ÀS1 gus cuideachadh le planadh eadar-ghluasad dhaoine òga agus a' dèanamh cinnteach gu bheil iad clàraichte air *Mo Shaoghal Obrach*;
- tabhann seiseanan buidhne ann an co-rèir ri ullachaidhean nan sgoiltean a thaobh taghadh roghainnean agus a bhith saor airson seisean le daoine òga agus am pàrantan/luchd-cùraim aig àm taghaidh roghainnean; agus
- a' tabhann seiseanan 'tadhail' do dhaoine òga a thuilleadh air seisean aon-ri-aon a tha iomchaidh do am feumalachdan, agus taic leantainneach do dhaoine òga a tha ann an cunnart ceann-uidhe deimhinneach a chall no a tha ga fhaighinn gu h-àraidh doirbh a thighinn gu co-dhùnaidhean.



Luchd-fastaidh

Tha an inbhe seo a' tuigsinn gum feum nàdar agus meud thabhartasan luchd-fastaidh a bhith fìor-riochdail agus furasta an làimhseachadh agus nach eil modh-obrach aon-fhreagarrach do na h-uile ga leantainn. Tha luach ga chur air tabhartas neach-fastaidh, chan eil e gu diofar dè cho beag, agus faodaidh am modh-obrach sùbailte seo a bhith air aontachadh 's air a cho-òrdanachadh aig ìre ionadail/roinneil. Cuiridh *Stiùireadh air Com-pàirteachasan Sgoile/Luchd-fastaidh* taic ris a' ghnìomhachd seo.

Bidh luchd-fastaidh:

- ag obair ann an com-pàirteachas le sgoiltean agus ùghdarrasan ionadail a' tarraing air fiosrachadh agus eòlas Bhuidhnean Roinneil DYW gus cuideachadh le conaltradh le luchd-fastaidh a cho-òrdanachadh;
- a' co-dheilbh agus a' co-libhrigeadh eòlasan sna sgoiltean mar a bhios iomchaidh gus clann agus daoine òga fhiosrachadh mu roinnean gnìomhachais agus seòrsaichean obair;
- conaltradh le daoine òga agus sgoiltean tro thadhalan, taisbeanaidhean, treòrachadh agus solarachadh ghreisean gnìomhachais;
- dol an sàs ann an ath-sgrùdadh rianail agus leasachadh mar phàirt den phròiseas feabhais leantainneach;
- co-obrachadh le tidsearan agus luchd-cleachdaidh gus:
 - cothroman a chruthachadh agus taic a chur riutha airson ionnsachadh proifeiseanta fad-dreuchd co-cheangailte ri an roinn agus an gnìomhachas;
 - cuideachadh le clann agus daoine òga fhiosrachadh mu bhuntanas, fàs agus tarraingeachd nan roinnean gnìomhachais, cothroman cosnaidh agus roghainnean dhreuchdan adhartach;
 - eòlasan ionnsachaidh is cothroman a leasachadh do chlann agus do dhaoine òga a tha gu gnìomhach a' dùbhlachadh ghnàth-iomhaighean agus ag adhartachadh co-ionannachd chothroman, a' gabhail a-steach iadsan as motha a th' ann an cunnart a dhol mu sgaoil;
 - tuigse chloinne agus dhaoine òga a leasachadh a thaobh dùilean neach-fastaidh/cosnaiche agus modhan-giùlain obrach; agus
 - taic a chur ri deisealachd chloinne agus dhaoine òga airson eadar-ghluasad gu obair, a' gabhail a-steach modhan-obrach trusaidh.



Stiùireadh agus taic

Solaraidhidh Foghlam Alba stiùireadh agus taic ann am buileachadh nan inbhe san fharsaingeachd. Bidh Foghlam Alba a' luachadh adhartas mu choinneamh nan inbhe aig gach ìre den churraicealam agus a' tabhann tuilleadh comhairle is taic stèidhichte air an luachadh sin. Bidh dreuchd nas fharsainge aige cuideachd tro a thaic don *Churraicealam airson Sàr-mhathais* san fharsaingeachd. Ged a tha an sgrìobhainn seo a' cur cuideam air taobhan sònraichte de fhoghlam dhreuchdan, tha e a cheart cho soilleir gum bi seo air a libhrigeadh tro churraicealam co-leanailteach agus adhartach airson ionnsachadh, beatha agus obair.

Bidh Leasachadh Sgìlean Alba a' tabhann taic mar a tha minichte san earrann air Dùilean. Tha seo a' gabhail a-steach comhairle, co-chomhairle, agus solarachadh stòrasan, gu h-àraidh taic air-loidhne do dhaoine òga, pàrantan/luchd-cùraim, tidsearan/luchd-cleachdaidh agus com-pàirtichean eile. Is fhiach a thoirt fa-near gu bheil e a' gabhail a-steach conaltradh meudaichte agus nas tràithe le Luchd-comhairle Dhreuchdan ag obair gu dìreach le daoine òga. Bidh SDS a' furastachadh cheangalan le luchd-fastaidh far nach eil iad stèidhichte a-cheana.

Tha Ùghdarrasan Ionadail air taic a thoirt do sgoiltean ann an raon de dhiofar dhòighean, a' solarachadh phasgain stuthan agus a' cur taic ri leasachadh air com-pàirteachasan ionadail a thuilleadh air cuideachadh le greisean gnìomhachais. An taobh a-staigh ùghdarrasan ionadail, tha dealas a thaobh an raoin obrach seo glè làidir agus leanaidh sin air adhart.

Bidh Foghlam Alba, Leasachadh Sgìlean Alba agus ùghdarrasan ionadail ag obair le com-pàirtichean eile leithid Comhairle Choitcheann Teagaisg na h-Alba (GTCS), Colaiste Ceannardas Foghlaim na h-Alba (SCEL), oilthighean agus solaraidhean tràanaidh eile gus taic agus cothroman a thabhann airson conaltradh le agus meòrachadh air ionnsachadh proifeiseanta mu fhoghlam dhreuchdan. Bidh seo stèidhichte air deagh chleachdadh le taic bho stuthan agus stiùireadh a' tarraing air na tha ag obair gu math do dhaoine òga.

Bheir Buidhnean Roinneil DYW seachad taic mar a tha minichte san earrann air Dùilean agus ann an co-rèir ri *Stiùireadh air Com-pàirteachasan Sgoile/Luchd-fastaidh*.

Bidh an sgrìobhainn seo còmhla ris an raon de stòrasan a tha rim faotainn bho Foghlam Alba, Riaghaltas na h-Alba agus Leasachadh Sgìlean Alba. Tha cuid de dh'eisimpleirean a' gabhail a-steach:

[Togail a' Churraicealaim 4: sgìlean ionnsachaidh, sgìlean beatha agus sgìlean obrach](#)

(Riaghaltas na h-Alba 2009)

[Inbhe Ghreisean Gnìomhachais](#) (An t-Sultain 2015)

[Stiùireadh air Com-pàirteachasan Sgoile/Luchd-fastaidh](#) (An t-Sultain 2015)

[Fiosrachadh, Comhairle agus Stiùireadh Dhreuchdan ann an Alba: Frèam-obrach airson ath-dheilbh is leasachadh](#) (Riaghaltas na h-Alba 2011)

[Frèam-obrach Sgìlean Stiùiridh Dhreuchdan airson Alba](#) (SDS, 2012)

[Sgìlean airson Alba: Ro-innleachd Sgìlean Fad-beatha](#) (Riaghaltas na h-Alba, 2010)

[Sgìlean airson Alba: Luathachadh Ath-shlànachadh agus Meudachadh Fàs Eaconamach Seasmhach](#) (Riaghaltas na h-Alba, 2010)

Beag-fhaclair de theirmean

Neach-comhairle Dhreuchdan – ball teisteanachta proifeiseanta de Leasachadh Sgilean Alba a bhios a’ solarachadh fiosrachadh, comhairle agus stiùireadh agus tro mhodh-obrach còidsidh, a’ cuideachadh le sgilean stiùiridh a leasachadh, a’ gabhail a-steach ionnsachadh fad-beatha.

Foghlam Dhreuchdan – pròiseas ionnsachaidh, air a dheilbh gus daoine òga a chuideachadh le an eòlas, misneachd agus sgilean a leasachadh air a bheil feum aca airson roghainnean fiosraichte is buntainneach agus planaichean a dhèanamh airson an ama ri teachd, gus an urrainn dhaibh a dhol air adhart gun dragh gu tuilleadh ionnsachaidh agus obair. Tha foghlam dhreuchdan soirbheachail a’ cur taic ri togail air an raon iomlan de dh’fhiosrachadh, sgilean agus feartan a tha a’ cur ris na ceithir comasan anns a’ *Churraicealam airson Sàr-mhathais*.

Fiosrachadh, Comhairle agus Stiùireadh Dhreuchdan (CIAG) – cothlamadh de chothroman air an deilbh gus daoine fa leth a chomasachadh a thaobh co-dhùnaidhean èifeachdach ullachadh agus a dhèanamh mu am beatha theachdail ann an ionnsachadh agus anns a’ mhargaidh obrach, a’ gabhail a-steach tro thaic phearsanaichte.

Fiosrachadh Dhreuchdan – solarachadh agus cleachdadh air raon de stòrasan gus luchd-cleachdaidh a chomasachadh gu tuigse nas fheàrr a leasachadh a thaobh dhreuchdan, seòrsaichean obair, roinnean agus buidhnean fastaidh/ionnsachaidh, cosnadh làithreach agus teachdail, cothroman trèanaidh agus foghlaim.

Comhairle Dhreuchdan – pròiseas air a libhrigeadh fa leth no ann am buidhnean, a tha a’ cuideachadh dhaoine fa leth gu fiosrachadh dhreuchdan buntainneach a lorg agus eadar-mhìneachadh.

Stiùireadh Dhreuchdan – pròiseas air a libhrigeadh fa leth no ann am buidhnean, a tha a’ cuideachadh dhaoine fa leth gu tuigse nas soilleire fhaighinn air an comas agus am feumalachdan leasachaidh dhreuchdan tro thuigse shoirbheachail de agus gnìomhadh air an sgilean stiùiridh dhreuchdan. Tha seo a’ gabhail a-steach cleachdadh air dòighean agus innealan a tha a’ cuimseachadh air dùbhlàn pearsanta agus fàs.

Sgilean Stiùiridh Dhreuchdan – co-thaobhadh le eòlasan agus builean *Curraicealam airson Sàr-mhathais* agus daoine fa leth a chomasachadh gu sgilean a chur an sàs airson:

- mothachadh pearsanta a leasachadh timcheall air còrdadh, mì-chòrdadh, neartan agus laigsean;
- fiosrachadh dhreuchdan, ionnsachaidh agus margaidh obrach a thional, eadar-mhìneachadh agus a’ mhion-sgrùdadh;
- roghainnean ann an ionnsachadh agus obair a rannsachadh agus seo a cho-cheangal ri prìomhachasan pearsanta agus neartan; agus
- a dhol an sàs ann an togail slighe dhreuchdail.

Buidhnean Roinneil DYW – buidhnean air an stiùireadh le luchd-fastaidh gus taic agus brosnachadh a thoirt do thuilleadh luchd-fastaidh airson a dhol an sàs ann am foghlam agus barrachd dhaoine òga fhadstadh.

Luchd-cleachdaidh aig gach ìre – a’ gabhail a-steach luchd-obrach uile a tha ag obair le clann agus daoine òga ann an tràth-ionnsachadh is cùram-chloinne, bun-sgoiltean, àrd-sgoiltean agus sgoiltean sònraichte, colaistean, solaraichean trèanaidh prìobhaideach, solaraichean treas roinne, obair shòisealta, ionnsachadh agus leasachadh coimhearsnachd agus solaraichean ionnsachaidh speisealta eile, a’ gabhail a-steach suidheachaidhean tèarainte agus còmhnaidheach.

Eàrr-ràdh 1: Aithrisean ‘Is urrainn dhomh’

Tha còraichean chloinne agus dhaoine òga a’ faotainn taic bho na h-aithrisean dealbhach a leanas. Chan eil iad seo làn-fharsaing agus faodaidh com-pàirtichean uile an cleachdadh gus taic a chur ri leasachadh air modh-obrach adhartach agus in-ghabhalach ann am foghlam dhreuchdan. Faodaidh na h-aithrisean seo an cleachdadh mar bhunait còmhraidh le clann agus daoine òga gus aontachadh cò ris a bhiodh soirbheachadh coltach.

Ro dheireadh Tràth-Ìre: na bliadhnaichean ro-sgoile agus P1, no nas fhaide do chuid.

- Is urrainn dhomh conaltradh le daoine mu na diofar obraichean a tha iad a’ dèanamh sa choimhearsnachd agam.
- Is urrainn dhomh cuid de na duaisean a dheasbad a gheibhear bho obair.
- Tha mi a’ creidsinn gun urrainn dhomh obair sam bith a dhèanamh.
- Is urrainn dhomh diofar obraichean a chluich-riochdachadh.
- Is urrainn dhomh riaghailtean agus gnàth-chùrsaichean a leantainn agus mìneachadh carson a tha iad cudromach.
- Is urrainn dhomh labhairt mu dheidhinn m’ ionnsachadh, mo neartan agus na h-ath cheumannan agam.
- Is urrainn dhomh beachdan a leasachadh agus pàirt a ghabhail ann am pròiseactan gus nithean a dhèanamh.

Ro dheireadh Tràth-Ìre: gu deireadh P4, ach nas tràithe no nas fhaide do chuid.

- Is urrainn dhomh iomradh a thoirt air diofar obraichean sa choimhearsnachd agam agus cuid de na sgilean a tha riatanach dhaibh.
- Is urrainn dhomh ionnsachadh mun t-saoghal obrach bho thadhalan, pròiseactan agus m’ eòlasan fhìn.
- Is urrainn dhomh labhairt ri luchd-fastaidh mun dheidhinn fhìn agus mu dheidhinn an àite-obrach aca.
- Is urrainn dhomh a thuigsinn gu bheil diofar dhòighean air obair fhaighinn.
- Is urrainn dhomh labhairt mu na seòrsaichean obair sa bheil ùidh agam.
- Tha mi a’ creidsinn gun urrainn dhomh soirbheachadh ann



an raon obrach sam bith.

- Is urrainn dhomh labhairt mu na neartan, ùidhean agus sgilean agam agus fianais a nochdadh air an adhartas agam.
- Is urrainn dhomh cinn-uidhe a shuidheachadh agus obrachadh a dh'ionnsaigh an coileanadh.
- Is urrainn dhomh diofar dhreuchdan a ghabhail ann an ruith gnothachais.

Ro dheireadh an Dàrna Ìre: gu deireadh P7, ach nas tràithe no nas fhaide do chuid.

- Is urrainn dhomh buntanas sgilean don t-saoghal fharsaing a dheasbad agus ceangalan a dhèanamh eadar sgilean agus an saoghal obrach.
- Is urrainn dhomh mo mhiannan/na bu mhath leam a dhèanamh, a mhìneachadh do chàch agus coimhead airson dòighean air an coileanadh.
- Is urrainn dhomh na sgilean a th' agam aithneachadh agus a dh'fheumas mi airson obair.
- Is urrainn dhomh mo sgilean a chur an sàs gus tuilleadh fiosrachaidh fhaotainn mu obraichean/dreuchdan.
- Is urrainn dhomh innealan a tha rim faotainn air-loidhne a chleachdadh.
- Is urrainn dhomh mo phrofaidhl a làimhseachadh agus a chleachdadh gus mo chuideachadh a' deasbad air m' ùidhean, mo neartan agus sgilean le mo phàrantan/luchd-cùraim agus càch.
- Is urrainn dhomh daoine san lìonra agam a chomharrachadh a tha gam chuideachadh gu mo sheallaidhean a leudachadh.
- Tha mi a' creidsinn gun urrainn dhomh mo chomas a chleachdadh chun na h-ìre as àirde ann an seòrsa obair sam bith.
- Is urrainn dhomh diofar sheòrsaichean de chothroman iomairt a chomharrachadh agus a dhol an sàs annta.

Ro dheireadh Foghlam Farsaing Coitcheann (BGE): ÀS1 gu ÀS3, ach nas tràithe do chuid.

- Is urrainn dhomh na sgilean a dh'ionnsaich mi tarsainn a' churraicealaim a thaisbeanadh agus a chur an sàs a thaobh an t-saoghail obrach.
- Is urrainn dhomh m' ùidhean, mo neartan agus sgilean a chomharrachadh agus an cleachdadh gus roghainnean fiosraichte a dhèanamh.
- Is urrainn dhomh mo phrofaidhl a stiùireadh, a roinn ann an dòigh iomchaidh agus mo roghainn fianais fhìreanachadh.
- Is urrainn dhomh co-mheasgadh de chuspairean, de chùrsaichean agus eòlasan a thaghadh, gus mo shlighean dreuchdail a chomasachadh.
- Is urrainn dhomh mo lìonraidhean a leudachadh agus a chleachdadh airson lorg agus tagradh chothroman a tha a' freagairt air m' ùidhean, mo neartan agus sgilean.
- Is urrainn dhomh comhairle agus taic a lorg gus mo chuideachadh a' dèanamh roghainnean fiosraichte mu dheidhinn tuilleadh ionnsachaidh is chothroman.

- Is urrainn dhomh smaoinichadh ioma-dhòigheach a thaisbeanadh ann an rannsachadh chothroman agus shlighean.
- Is urrainn dhomh na modhan-giùlain a thuigsinn agus a thaisbeanadh gu cunbhalach, a tha neach-fastaidh a' lorg ann an cosnaiche math.
- Is urrainn dhomh cunnartan a luachadh ann an leasachadh beachd gnothachais agus diofar mhodhan a rannsachadh air iomairt a stèidheachadh agus a chumail suas.
- Is urrainn dhomh cùisean beusail a rannsachadh agus a mheasadh ann an co-dhùnaidhean gnothachais is malairt.

An Ìre as Àirde: ÀS4 gu ÀS6, agus colaiste no meadhan ionnsachaidh eile.

- Is urrainn dhomh na sgilean a dh'ionnsaich mi tarsainn a' churraicealaim a chomharrachadh, mar a tha iad sin a' co-cheangal ris an t-saoghal obrach agus an cur an sàs ann an dòigh iomchaidh aig àm ghreisean gnìomhachais agus ionnsachadh eile co-cheangailte ri obair.
- Is urrainn dhomh gu misneachail am fiosrachadh air a bheil feum agam a lorg agus eadar-mhìneachadh, airson roghainnean fiosraichte a dhèanamh a thaobh nan roghainnean ionnsachaidh agam, na slighean agus mar a tha iad sin co-cheangailte ri comas air dreuchdan san àm ri teachd.
- Is urrainn dhomh obrachadh a dh'ionnsaigh teisteanasan fhaotainn a tha a' cur taic rium ann an coileanadh nan amasan dreuchdail agam san àm ri teachd.
- Is urrainn dhomh mo sgilean airson ionnsachadh, beatha agus obair a roinn, a luachadh agus a thaisbeanadh, gus mo chuideachadh gu roghainnean agus atharrachaidhean soirbheachail teachdail a dhèanamh.
- Is urrainn dhomh tarraing air fianais bho mo phrofaidhl sgilean ann an dòigh iomchaidh, gus mo chuideachadh a' lìonadh foirmean iarrtais, cruthachadh CVan agus a' dèanamh cleachdadh air modhan agallaimh.
- Is urrainn dhomh iomradh a thoirt air gach taobh de thrusadh àbhaisteach agus pròiseasan taghaidh agus mar as fheàrr dèiligeadh leotha agus ullachadh air an son.
- Is urrainn dhomh gu cunbhalach na sgilean, feartan agus modhan giùlain a thaisbeanadh air a bheil feum airson mo dhreuchd a chumail suas agus adhartachadh.
- Is urrainn dhomh lìonraidhean taic a chomharrachadh agus a ruighinn, a chuidicheas mi a-steach gu ceann-uidhe deimhinneach is seasmhach às dèidh sgoile.
- Is urrainn dhomh na cothroman agus na dùbhlain a mheasadh a dh'fhaodas tionnsgaineachd/fèin-chosnadh a sholarachadh mar roghainn dhreuchdan, a' gabhail a-steach taobhan ionmhasail agus laghail.
- Is urrainn dhomh iomradh a thoirt air na còraichean agus dleasan a thathar a' cur air luchd-fastaidh agus cosnaichean, agus mar a tha iad sin a' co-cheangal ri bhith a' cruthachadh àrainneachd obrach dheimhinneach, thorrach agus sheasmhach.



Education Scotland

Denholm House
Almondvale Business Park
Almondvale Way
Livingston EH54 6GA

T +44 (0)141 282 5000

E enquiries@educationscotland.gov.uk

www.education.gov.scot